

Reachd VIII

Briseadh nan Structaran Sòisealta



Beag air bheag, leis nach robh iad a' bruidhinn an aon chànan, thàinig beàrn mhòr eadar na h-**urracha** mòra agus na Gàidheil eile. Gun an aon chànan, cha robh an dà bhuidheann tric ann **an cuideachd a chèile**. Bha **beul-aithris** fìor chudromach do na Gàidheil – bhiodh **bàird** ag innse sgeulachdan agus a' seinn òrain nan **cinnidhean**. Cha robh foghlam foirmeil **bitheanta** air Ghàidhealtachd aig an àm, agus le sin b' ann le **seanchas** a fhuair Gàidheil òga foghlam. Le **Reachd** VIII cha b' urrainn na **bàird** a-nis a bhith ag innse nan sgeulachdan no a' gabhail nan òran:

VIII. Nach biodh bàird is daoine eile a' dol timcheall na dùthcha tuilleadh, a' faighinn aoigheachd bho na cinn-chinnidh, ach gum biodh iad air an cur an grèim, agus air an cur a-mach às na h-Eileanan.

Còmhla ri mar a chaidh a' Bheurla a thoirt a-steach, bha an **casg** seo air fhaicinn mar oidhirp eile air na **dàimhean faireachail** agus cultarail eadar na Gàidheil a **lagachadh**.

